

<p>Co-chomhairle air Bile Sgoiltean (Foghlam Còmhnaidh A-muigh) (Alba)</p> <p>Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig</p> <p>An t-luchar 2022</p>	<p>Schools (Residential Outdoor Education) (Scotland) Bill Consultation</p> <p>Response from Bòrd na Gàidhlig</p> <p>July 2022</p>
<p>Facal-toisich</p> <p>Tha an fhreagairt seo air a chur a-steach às leth buidheann.</p> <p>'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Tha sinn toilichte gun tèid an fhreagairt seo foillseachadh agus gum bi ainm an ùghdair agus na buidhne oirre. Thèid fhoillseachadh ann an Earrann Freagairtean Co-chomhairleachaidh Poblach air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig.</p> <p>Amas agus Dòigh-obrach</p> <p>Uile gu lèir, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt làn thaic do na h-amasan agus dhan dòigh-obrach a tha air a mhìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh agus tha e den bheachd gun toireadh reachdas structar agus co-leanailteachd do sholar foghlam a-muigh. Tha e ri mholadh cuideachd gum biodh an dleastanas gus dèanamh cinnteach gu bheil foghlam còmhnaidh a-muigh air a thoirt seachad air na h-ùghdarrasan foghlaim ionadail a tha an urra ri solar foghlaim san fharsaingeachd.</p> <p>Tha solar foghlaim èifeachdach a-muigh a' toirt sàr chothroman do dhaoine òga eadar-obrachadh gu math leis an àrainneachd aca agus le càch a chèile, a' togail nan Ceithir Comasan aig cridhe Foghlam na h-Alba. A bharrachd air sin, thathas a' tuigsinn barrachd is barrachd gu bheil Slàinte is Sunnd mar bhunait airson ionnsachadh, agus gum faod prìomh àite a bhith aig foghlam a-muigh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig daoine òga faireachdainn àrdaichte de shunnd fhaighinn agus ceangal nas brìoghmhoire fhaighinn leis an àrainneachd aca fhèin.</p>	<p>Introduction</p> <p>This response is submitted on behalf of an organisation.</p> <p>Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body.</p> <p>We are content that this response is published and attributed to the author and organisation. It will be published in the Public Consultation Responses Section of the Bòrd na Gàidhlig website.</p> <p>Aim and Approach</p> <p>Overall, Bòrd na Gàidhlig is fully supportive of the aims and approach outlined in the consultation document and is of the view that legislation would provide structure and coherence to outdoor education provision. It is also to be commended that the obligation to ensure that residential outdoor education is provided would fall on local education authorities who are responsible for the overall provision of education.</p> <p>Effective outdoor education provision provides excellent opportunities for young people to interact positively with their environment and each other, building the Four Capacities at the centre of Scottish Education. Furthermore, Health and Wellbeing is increasingly understood as the bedrock for learning, and outdoor education can play a key role in ensuring young people have the opportunity to enjoy a developed sense of wellbeing and experience a more meaningful connection to their own environment.</p>

Tha Foghlam A-muigh a' toirt seachad beagan prìomh ionnsachadh co-cheangailte ri Gàidhlig agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus faodar geàrr-chunntas a dhèanamh air mar a leanas:

- Tha foghlam bogaidh na phrìomh eileamaid ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus faodaidh seata structarail de dh'èolasan a-muigh dèanamh cinnteach gun cleachd daoine na sgilean Gàidhlig ùra aca ann am beatha taobh a-muigh na sgoile – a' toirt a' chànan a-mach às a' chlas, rud a tha na dhùbhlàn sònraichte ann am FtG.
- Bidh èolasan practaigeach, fìor, a' beothachadh litearrachd agus àireamhachd ann an co-theacsa sam bith ach tha iad gu sònraichte cudromach ann an suidheachadh FtG far a bheil cothroman planaichte gus an cànan a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean cho cudromach.
- Thug sinn fa-near gu bheil Àrd-sgoil Calderglen, a tha a' tabhann FtG, air ainmeachadh mar eisimpleir de dheagh chleachdadh ach nach eil fiosrachadh sònraichte air a thoirt seachad mu libhrigeadh tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig. Mholamaid gum biodh fiosrachadh taice sam bith co-cheangailte ris a' Bhile a thathar a' moladh a' gabhail a-steach mar a rachadh a chur an sàs an dà chuid ann an suidheachaidhean tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig.
- 'S e pròiseact foghlaim a-muigh a tha aithnichte gu nàiseanta a th' ann an SpòrsGàidhlig a tha a' faighinn maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig agus mholamaid gum biodh fiosrachadh taice sam bith co-cheangailte ris a' Bhile a thathar a' moladh a' gabhail a-steach mar a rachadh a chur an sàs an dà chuid ann an suidheachaidhean tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig.
- 'S e pròiseact foghlaim a-muigh a tha aithnichte gu nàiseanta a th' ann an SpòrsGàidhlig a tha a' faighinn maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig agus mholamaid gum biodh fiosrachadh taice sam bith co-cheangailte ris a' Bhile a thathar a' moladh a' gabhail a-steach mar a rachadh a chur an sàs an dà chuid ann an suidheachaidhean tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig.
- Gu tric bidh clann agus daoine òga ann am FtG air an toirt còmhla bho fharsaingeachd de choimhearsnachdan. Mar sin tha e air leth cudromach a bhith a' toirt taic do dhaoine òga gus dàimhean eadar-phearsanta a thogail taobh a-staigh solar FtG agus faodaidh èolasan a-muigh a bhith glè fheumail ann a bhith a' togail dhàimhean eadar-phearsanta nas fheàrr tro thogail sgioba mar eisimpleir.
- Thathar ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig barrachd is barrachd mar L3 taobh a-staigh Prògram 1+2 nan Nuadh-chànanan. Tha foghlam a-muigh a' toirt deagh chothrom do chloinn agus do dhaoine òga ann am foghlam tro mheadhan na Beurla ionnsachadh mu mar a thug a' Ghàidhlig buaidh air ainmean-àite air feadh na h-Alba. Bidh Mothachadh Gàidhlig a bhith na phàirt de dh'fhoghlam a-muigh na

Outdoor Education provides some key learning relating to Gaelic and Gaelic-medium education which can be summarised as follows:

- Immersion education is a core element in Gaelic-medium Education (GME) and a structured set of outdoor experiences can ensure that newly-acquired Gaelic language skills are deployed by young people in real life experiences – taking the language out of the classroom which is a particular challenge in GME.
- Practical, real-life experiences enliven literacy and numeracy in any context but they are particularly important within a GME setting where planned opportunities to use the language in a variety of settings are so important.
- We noted that Calderglen High, which provides GME, is cited as an example of good practice but particular information on English-medium and Gaelic-medium delivery is not provided. We would recommend that any support information relating to the proposed Bill includes its application to both English-medium and Gaelic-medium settings.
- SpòrsGàidhlig is a nationally recognised outdoor education project which receives funding from Bòrd na Gàidhlig and we would recommend that it is cited as an example of successful provision in support information.
- Children and young people in GME are often brought together from a range of neighbourhoods. Supporting young people to build inter-personal relationships within GME provision is therefore of particular importance and outdoor experiences can be very useful in building better inter-personal relationships through teambuilding for example.
- Increasingly the importance of Gaelic as an L3 within the 1+2 Modern Languages Programme is being recognised. Outdoor education provides children and young people in English-medium education with an excellent opportunity to learn about how Gaelic has impacted on placenames across Scotland. Including Gaelic Awareness as a component in outdoor education will serve



dhòigh air leth feumail gus fios mun chànan a thoirt dhan ath-ghinealaich.

Maoineachadh

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aontachadh ris a' bheachd gum bu chòir structaran maoineachaidh a bhith an dà chuid iomchaidh agus seasmhach agus air an libhrigeadh mar phàirt bhunaiteach de bhuidseatan foghlaim a dh'aontaicheas gach Ùghdarras Ionadail. Is coltaiche gun tèid seo a libhrigeadh tro phasganan maoineachadh a thèid aontachadh eadar ùghdarrasan ionadail agus Riaghaltas na h-Alba.

Tha e na phrìomh eileamaid ann an libhrigeadh soirbheachail a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil seasmhachd agus leantailachd ann an solar foghlaim a-muigh agus bidh cinnt maoineachadh riatanach gus an tèid planadh iomchaidh a thoirt seachad le Ùghdarrasan Ionadail agus sgiobaidhean sgoile.

Inbhe agus Càileachd Solarachaidh

Tha Bòrd na Gàidhlig den bheachd gum bu chòir frèam càileachd aithnichte a stèidheachadh gu nàiseanta. Mar phàirt den fhrèam, mholadh Bòrd na Gàidhlig gum bu chòir an deagh bhuaidh aig eòlasan còmhnaidh a-muigh aithneachadh thar an dà chuid foghlaim bun-sgoile agus àrd-sgoile.

A bharrachd air sin bidh e riatanach gum bi frèam càileachd sam bith a' toirt iomradh an dà chuid air solar tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig agus gum bi cùisean leithid cleachdadh bogaidh ann am FtG, agus Gàidhlig mar nuadh-chànan ann an roinn tro mheadhan na Beurla, air an gabhail a-steach gu h-iomchaidh sa chomhairle measaidh. Bhiodh e feumail beachdachadh a bharrachd a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh luchd-obrach a bhith air an trèanadh gus làn chomas foghlaim a-muigh a thoirt gu buil. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, beachdan air Gàidhlig mar L3 agus trèanadh sònraichte air ainmean-àite Gàidhlig.

Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig den bheachd gu bheil solar nàiseanta de dh'fhoghlaim a-muigh a' toirt deagh bhuaidh air cùisean co-ionannachd san fharsaingeachd.

Tha e deatamach gun tèid a' Ghàidhlig a thoirt a-steach do ro-innleachdan foghlaim nàiseanta ma tha Alba gu bhith a' dèanamh cinnteach gun toirear taic agus brosnachadh do

as a particularly useful way of introducing the language to the next generation.

Funding

Bòrd na Gàidhlig supports the view that funding structures should be both adequate and sustainable and delivered as an integral part of the education budgets agreed by each Local Authority. This will most likely be delivered through funding packages agreed by Local Authorities and the Scottish Government.

A key element in successful delivery will be ensuring there is stability and continuity in outdoor education provision and guaranteed funding will be essential so that appropriate planning can be provided by Local Authorities and school teams.

Standard and Quality of Provision

Bòrd na Gàidhlig is of the view that a recognised quality framework should be established nationally. As part of the framework Bòrd na Gàidhlig would recommend that the positive impact of outdoor residential experiences should be recognised across both primary and secondary education.

In addition, it will be essential that any quality framework references both English-medium and Gaelic-medium provision and that issues such as immersion practice in GME, and Gaelic as a modern language in the English-medium sector, are appropriately included in assessment advice. It would be useful to reflect further upon how staff might be trained to fully realise the potential of outdoor education. This may include, for example, input on Gaelic as an L3 and specific training on Gaelic placenames.

Equality

Bòrd na Gàidhlig is of the view that national provision of outdoor education impacts positively on wider equality issues.

Ensuring that Gaelic is included in national education strategies is crucial if Scotland is to ensure that respect for pluralism and cultural diversity is both



dh'iomadalachd agus iomadachd cultarach. Tha dleastanas sònraichte air Alba a bhith a' cumail taic ri, agus a bhith a' leasachadh na Gàidhlig agus a cultar mar phàirt de na tha Alba a' cur ri saoghal ioma-chultarach. Mar sin tha libhrigeadh èifeachdach FtG agus Gàidhlig mar Nua-chànan ann am foghlam tro mheadhan na Beurla nan eileamaidean ro-chudromach ann an ro-innleachd sam bith gus taic a thoirt dhan chànan agus tha iad nam pàirt chudromach den Phlana Nàiseanta Gàidhlig làithreach agus den dreachd Phlana Nàiseanta airson 2023-28 air an deach co-chomhairle a chumail bho chionn ghoirid.

Tha comas aig Foghlam A-muigh air eòlasan foghlaim co-cheangailte ris a' chànan a neartachadh agus mar sin gus ro-innleachdan a neartachadh gus barrachd co-ionannachd a libhrigeadh taobh a-staigh Foghlam na h-Alba agus nas fhaide air falbh (mar eisimpleir, chaidh a' chiad sheirbheis FtG ann an Canada fhosgladh ann an 2021).

So-sheasmhachd

Tha Bòrd na Gàidhlig den bheachd gu bheil solar foghlaim a-muigh a' toirt deagh bhuaidh air spèis dhaoine òga dhan àrainneachd agus a' toirt seachad suidheachadh àrd-chàileachdail airson tuigse fhaighinn air cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh eaconamaidh seasmhach a tha stèidhichte air prìomh choincheapan leithid ceartas, cothromachd agus spèis do na h-uile.

Beachdan san fharsaingeachd

San fharsaingeachd, tha làn-thaic Bhòrd na Gàidhlig ris a' Bhile a thathar a' moladh agus chuireadh e fàilte air a' chothrom a dhol an sàs ann barrachd chòmhradhean agus meòrachadh air an dòigh as fheàrr air molaidhean a structaradh. Bidh an Stiùiriche Foghlaim Gàidhlig toilichte fiosrachadh sam bith a bharrachd a thoirt seachad a bheir taic dhan cho-chomhairle leantainnich mun Bhile a thathar a' moladh.

nurtured and encouraged. Scotland has a particular responsibility to support and develop the Gaelic language and culture as part of Scotland's contribution to a multi-cultural world. Consequently, the effective delivery of GME and Gaelic as a Modern Language within English-medium education are essential elements in any strategy to support the language and are important aspects of the current National Plan for Gaelic and the draft National Plan for 2023-28 which has recently been consulted on.

Outdoor Education has the potential to enrich educational experiences relating to the language and therefore strengthen strategies to deliver greater equality within Scottish Education and beyond (the first Canadian GME service, for example, opened in 2021).

Sustainability

Bòrd na Gàidhlig is of the view that outdoor education provision positively impacts on young people's respect for the environment and provides a high-quality context for their development of an appreciation of the importance of creating a sustainable economy which is founded on key concepts such as justice, fairness and respect for all.

General Comments

Overall Bòrd na Gàidhlig is fully supportive of the proposed Bill and would welcome the opportunity to engage further in any discussions and reflection on how best to structure proposals. The Director of Gaelic Education will be happy to provide any further input which will support the ongoing consultation around the proposed Bill.

